

Baga Teaghlaich Bookbug do Chlas 1 Bookbug Primary 1 Family Bag

San t-Samhain tha prògram Bookbug an Scottish Book Trust a' toirt бага leabhraichean agus ghoireasan do gach sgoilear air Clas 1 an Alba gus meas fad-bheatha air leughadh, sgrìobhadh agus cunntais a bhrosnachadh. Tha sinn air leth toilichte a bhith a' toirt бага Gàidhlig C1 do na sgoilearan ann am Foghlam tro Ghàidhlig.

This November Scottish Book Trust's Bookbug programme is giving every Primary 1 pupil in Scotland a free bag of books and resources to inspire a lifelong love of reading, writing and counting. We are delighted to be providing a Gaelic P1 bag for all children in Gaelic Medium Education.

Airson a' chiad uair 's urrainn dhuinn cuideachd Pasgan Tidseir Gàidhlig a thoirt dhuibh. Innsidh am pasgan seo nas urrainn dhuibh a dhèanamh le Baga Teaghlaich Clas 1 agus mar as urrainn an clas bhòtadh ann am Bookbug Picture Book Prize, an duais leabhraichean as motha ann an Alba dha bheil clann a-mhàin a' bhòtadh.

For the first time we are also able to provide a Gaelic Teacher Pack. This pack will tell you what to do with the Primary 1 Family Bag and how your class can vote in The Bookbug Picture Book Prize, Scotland's biggest book prize voted for entirely by children.

Sa Phasgan Tidseir Ghàidhlig do Chlas 1 tha:

In this Gaelic P1 Teacher Pack you'll find:

- **Lethbhreacan don chlas de na trì leabhraichean a th' air geàrr-liosta Bookbug Picture Book Prize, 's iad air an cur gu Gàidhlig**
Your own classroom copies of the three books shortlisted for The Bookbug Picture Book Prize translated into Gaelic
- **Gnìomhan co-cheangailte ri CfE a chuidicheas sibh gus na leabhraichean a rannsachadh leis a' chlas mus tèid na bagannan a thoirt do na sgoilearan**
CfE-linked activities to help you explore the books with your class before the bags are gifted to pupils
- **Litir teampaid as urrainn dhuibh a chur gu pàrantan ag innse mu na Bagannan C1**
A template letter for you to send to parents introducing the P1 Bags




Nam Baga Teaghlaich Gàidhlig do Chlas 1, gheibh sgoilearan:

In their Gaelic Primary 1 Family Bags, pupils will find:

- **na trì leabhraichean a th' air geàrr-liosta Bookbug Picture Book Prize**
The three books shortlisted for The Bookbug Picture Book Prize
- **leabhar-gnìomhan dà-chànanach a nì iad còmhla ri pàrant no neach-cùraim**
A dual-language activity book to complete with their parent or carer



Thoiribh fa-near gum faod clann Clas 1 ann am Foghlam tro Ghàidhlig бага Beurla agus бага Gàidhlig fhaighinn – dèanaibh cinnteach gun tèid an toirt seachad còmhla. Tha seo gu sònraichte cudromach leis gu bheil peansailean dathach agus bòrd-geal agus àireamhan magnaiteach sa bhaga Bheurla airson nan leabhraichean agus nan gnìomhan. Tha e feumail cuideachd do phàrantan aig nach eil Gàidhlig an dà riochd de na leabhraichean a bhith aca. Please note, Primary 1 children in Gaelic Medium Education are entitled to an English and a Gaelic bag – please ensure you gift these together. This is especially important as there are colouring pencils and a magnetic whiteboard and numbers in the English bag that complement the books and activities. It is also useful for parents who don't speak Gaelic to have both versions of the books.



Tha Bagannan Teaghlach Bookbug do Chlas 1 gan dèanamh mar phàirt de iomairt Riaghaltas na h-Alba, Leugh, Sgrìobh, Cunntais, agus tha e a' toirt deagh chothrom dhuibh dàimhean a thogail le pàrantan agus co-cheanglaichean eadar ionnsachadh san dachaigh agus san sgoil a dhaingneachadh.

The Bookbug Primary 1 Family Bag is produced as part of the Scottish Government's Read, Write, Count campaign, and gives you a great opportunity to build relationships with parents and strengthen links between home and school learning.

scottishbooktrust.com/p1bag

Dè nì sibh agus cuin?

What to do and when

- **29 Lùnastal 2018** Na leabhraichean air geàrr-liosta Bookbug Picture Book Prize gan ainmeachadh.
29 August 2018 The shortlisted books for The Bookbug Picture Book Prize are announced.
- **29 Lùnastal 2018** Innsibh do phàrantan gu bheil riochdan fuaim de na leabhraichean rim faighinn air gaelic4parents.com.
29 August 2018 Let parents know about the audio versions of the books that are available on gaelic4parents.com.
- **Sultain 2018** Cuiribh lethbhreacan de litir teamploid nam pàrantan gu pàrantan/ luchd-cùraim. Faodaidh sibh lethbhreac didseatach a luchdachadh a-nuas cuideachd bhon làrach-lìn againn.
September 2018 Please photocopy and send the template parents' letter to parents/carers. You can also download a digital copy from our website.
- **Dàmhair/Samhain 2018** Gheibh an sgoil agaibh na Bagannan C1. Cuiribh fios chun an riochdaire ionadail airson Bookbug C1 ma tha duilgheadas sam bith agaibh leis an libhrigeadh.
October/November 2018 Your school receives the P1 Bags. Please contact your local Bookbug P1 Contact if you have any issues with delivery.
- **Dàmhair/Samhain 2018** Leughaidh na leabhraichean agus bruidhnibh mun deidhinn còmhla ris a' chlas.
October/November 2018 Read and discuss the books with your class.

Continues...

● **Samhain 2018** Feuchaidh ionnsachadh spòrsail cruthachail leis na Goireasan Ionnsachaidh brosnachail a tha ri luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn Stòrlann

gaelic4parents.com/maoilios

November 2018 Get stuck into some fun creative learning with Stòrlann's free, downloadable learning resources! gaelic4parents.com/maoilios

● **19–25 Samhain** Thoiribh seachad na bagannan air Seachdain Leabhraichean na h-Alba, an comharrachadh nàiseanta air leabhraichean agus leughadh! Thoiribh cuireadh do phàrantan a bhith an làthair agus iarraidh orra na leabhraichean a rannsachadh còmhla ris a' chloinn aca. Cumaibh cuirm airson an toirt seachad san leabharlann ionadail – cothrom math do sgoilearan ballrachd a ghabhail ann. Obraichibh còmhla ris na co-obraichean agaibh gus bagannan Leugh, Sgrìobh, Cunntais C2 agus C3 a thoirt seachad air Seachdain Leabhraichean na h-Alba cuideachd, airson comharrachadh iongantach air leughadh bho C1 gu C3!

19–25 November Give out the bags during Book Week Scotland, our national celebration of books and reading! Invite parents along to your gifting event and ask them to explore the bags with their children. Hold a gifting event at your local library – it's a great opportunity for pupils to join. Work with your colleagues to gift the Read, Write, Count P2 and P3 bags during Book Week Scotland too for a fantastic reading celebration across P1–P3!

Faodaidh sibh bhòtadh air-loidhne airson Bookbug Picture Book Prize aig àm sam bith ron cheann-latha airson bhòtadh.

You can cast your votes for The Bookbug Picture Book Prize online at any time before the voting deadline.

● **6 Dùbhlachd 2018** An ceann-latha airson bhòtadh – na dìochuimhnichibh e!

6 December 2018 Voting deadline – be sure to make your votes count!

● **16 Faoilleach 2019** An neach a bhuannaich ga ainmeachadh – dh'fhaodadh sibh partaidh clas a chumail gus a chomharrachadh! Cuiridh sinn film goirid thugaibh air am faod sibh coimhead còmhla ris a' chlas, a tha ag innse cò bhuannaich.

16 January 2019 Winner announced – you could hold a class party to celebrate! We will send you a short film announcing the winner that you can watch with your class.

Ceistean sam bith?

Any questions?

Mura bi na Bagannan Gàidhlig agus Beurla C1 air tighinn ro 5 Samhain 2018, cuiribh fios gu co-òrdanaiche Baga C1.

If you have not received the Gaelic and English P1 Bags by 5 November 2018, please contact your P1 Bag Co-ordinator.

Air neo, cuiribh fios gu sgioba Tràth Bhladhachan Urras Leabhraichean na h-Alba air bookbug@scottishbooktrust.com no **0131 524 0179**

Alternatively, please contact Scottish Book Trust's Early Years team on:

bookbug@scottishbooktrust.com or **0131 524 0179**

scottishbooktrust.com/p1bag



Gnìomhan sa chlas

Classroom activities

Pìoban an Aona Phutain le Alan Windram, na dealbhan le Chloe Holwill-Hunter
One Button Benny by Alan Windram, illustrated by Chloe Holwill-Hunter




Faodaidh na sgoilearan:

Your pupils can:

- Na ròbotan aca fhèin a dhèanamh le stuth ath-chuartaichte
Make their own robots from recycled materials
- An crìos-grèine a rannsachadh còmhla ri Benny
Explore the solar system with Benny
- Faighinn a-mach mu dhaoine a bhios gar cuideachadh aig àm èiginn
Find out about people who help us in emergencies



Splais aig Eric le Emily MacKenzie
Eric Makes a Splash by Emily MacKenzie




Faodaidh na sgoilearan:

Your pupils can:

- Postair a dhealbhadh gus toirt air daoine eile gnìomhachd ùr fheuchainn
Design a poster to encourage others to try a new activity
- Pròiseact air uisge a dhèanamh, a' faighinn a-mach carson a bhios nithean a' fleòdradh, carson a bhios uisge a' reothadh agus eile.
Take part in a project about water, finding out why things float, why water freezes and more
- Dealbhaich briogais shnàmh le pàtran oirre do Eric
Design a patterned pair of swimming shorts for Eric




Is Mise Ialtag le Morag Hood
I Am Bat by Morag Hood



Faodaidh na sgoilearan:

Your pupils can:

- Pupaidean ialtaig a dhèanamh agus an sgeulachd san leabhar a chluich
Create bat puppets and act out the book
- Leantainn leis an stòiridh – dè thachras ma dh'fheuchas cuideigin air falbh le peur ialtaig?
Continue the story – what happens if someone tries to take Bat's pear?
- Ceistean matamataig fhuasgladh – ma tha 8 siristean aig ialtag agus ma roinneas e iad gu cothromach cuide ri caraid, cia mhead a bhios aca an urra?
Solve maths problems – if Bat has 8 cherries and shares them equally with a friend, how many will they each have?



Gheibh sibh faidhleachan fuaim agus tuilleadh gnìomhan aig gaelic4parents.com

For audio files of the books and for more activities, visit gaelic4parents.com